
Semeastar 2 2011/12

BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta
BA Cànan agus Cultar
BA Gàidhlig agus Leasachadh
BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	Bàrdachd bho 1900	2
Còd a' Mhodail:	UQ508412	
Là agus Ceann-là	Diluain 14 Cèitean 2012	
Uair is Ùine	09.30-11.30	Dà uair a thìde

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Tha faclairean ceadaichte airson na deuchainn seo.

Faodar na leabhraichean *An Tuil; An Aghaidh na Siorraidheachd* agus *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig* a thoirt a-steach dhan deuchainn.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh aig toiseach na deuchainn. Chan fhaod oileanach càil a sgrìobhadh sna coig mionaidean seo.

Chan fhaod thu sgrìobhadh do fhreagairtean air a' phàipeir cheist, mura deach seo iarraidh gu sònraichte.

Feumaidh tu cleachdadh peann dubh no gorm (faodar dealbhan an dèanamh le peansail far a bheil sin iomchaidh)

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha seachd ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na seachd ceistean seo.

Cuir an àireamh oileanach agad, agus ainm an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntadh.

Freagair DÀ cheist. Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no trì bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile gu lèir.

1. Ciamar a nochdas gaol ann am bàrdachd an ath-bheothachaidh an coimeas ri bàrdachd thradaiseanta?
2. Ann am bàrdachd an ath-bheothachaidh, dè chaidh ath-bheothachadh?
3. An e an aon rud a tha ann am bàrdachd baile agus bàrdachd thradaiseanta? Mìnich do bheachd.
4. Dè th' ann am meadarachd is sgeadachadh ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900, agus carson nach fhaicear mòran tuilleadh dhiubh?
5. Mìnich ciamar a nochdas nàiseantachd ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900.
6. Mìnich le eisimpleirean iomchaidh an diofar eadar ìomhaigheachd agus samhlachas ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900. A bheil atharrachadh cleachdaidh ri fhaicinn eadar na diofar gnèithean bàrdachd?
7. Ciamar a tha co-dhiù trìuir de na bàird Ghàidhlig bho 1900 air adhart air dèiligeadh ri cogadh?

Deireadh a' phàipeir